

FOIRGHEALL UILE-CHOITCHEANN AIR TASG-LANNAN

Tha tasg-lannan a' clàradh cho-dhùnaidhean, ghnìomhan is cuimhne. Tha tasg-lannan 'nan dualchas àraid is neo-aiseageach a thèid o ghlùn gu glùn. Thathar 'gan stiùireadh on latha a chruthaicheadh iad gus an ciall is am brìgh a ghlèidheadh. Tha iad 'nan tùsan ùghdarrasail de dh'fhiosrachadh agus 'nam bun-stèidh de rianachd chunntachail is thrìd-shoilleir. Tha dreuchd riatanach aca ann an leasachadh nan sòisealtasan is iad a' glèidheadh is a' cur ri cuimhne daoine fa leth is cuimhne choimhearsnachdan. Tha inntigeadh fosgailte do thasg-lannan a' cur beartas ri ar n-eòlas air sòisealtas mac an duine, a' brosnachadh deamocrasachd, a' dìon còraichean nan saoranach agus a' cur ri càileachd ar beatha.

Tha coimhearsnachd eadar-nàiseanta nan tasg-lannan ag aithneachadh

- **buadh àraidh** nan tasg-lannan mar fhìor-fhianais air gnìomhan rianachd, cultarach is inntleachdail agus mar mhac-samhla air tàrmachadh nan sòisealtasan;
- **dearg-riatanas** nan tasg-lannan gus taic a chur ri èifeachas gnothachais, cunntasalachd is thrìd-shoilleireachd, gus còraichean nan saoranach a dhìon, gus cuimhne dhaoine fa leth is co-chuimhne a stèidheachadh, gus an t-àm a dh'aom a thuigsinn agus gus cunntas a dhèanamh airson an tràth làithreach agus mar threòrachadh san àm ri teachd;
- **iomadachd** nan tasg-lannan ann an clàradh gach gnìomhachd mac an duine;
- **iomadachd nan cruth** anns a bheilear a' cruthachadh tasg-lannan, a' gabhail a-steach pàipear, dealain, clais-lèirsinneach is cruthan eile;
- **dreuchd nan tasglannaichean** mar eòlaichean le trèanadh ann am bun-fhoghlam is foghlam adhartach, a' frithealadh an coimhearsnachdan is iad a' cur taic ri cruthachadh chlàr is a' roghnadh is a' glèidheadh nan clàr seo is 'gan cur ri làimh a chum cleachdaidh;
- **co-uallach** gach neach - saoranaich, luchd-rianachd poblach is luchd nan co-dhùnadh, seilbheadairean no glèidheadairean tasg-lannan poblach no prìobhaideach agus tasglannaichean is eòlaichean fiosrachaidh eile - ann an stiùireadh nan tasg-lannan.

Ag obair còmhla

- gus an gabhar ri is gun cuirear an sàs poileasaidhean is laghan nàiseanta iomchaidh a thaobh thasg-lannan;
- gun cuirear luach ann an stiùireadh nan tasg-lannan is gun dèan gach buidheann, prìobhaideach no poblach, a chruthaicheas is a chleachdas na tasg-lannan 'nan obair fhèin air dòigh chomhasach;
- gun cuirear maoin iomchaidh an sàs a chuireas taic ri deagh-stiùireadh nan tasg-lannan, a' gabhail a-steach fastadh de dh'eòlaichean le trèanadh;
- gun stiùirear is gun glèidhear tasg-lannan air dòighean a nì cinnteach gum mair iad ùghdarail, earbsach, ionracach is so-chleachdte;

- gum bi inntrigeadh aig a h-uile do thasg-lannan fhad 's a ghèillear ris na laghan iomchaidh agus còraichean dhaoine fa leth, cruthadairean, seilbheadairean is cleachdaichean;
- gun cleachdar tasg-lannan gus cuir ri brosnachadh saoranachd chunntasach.